







LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

AIR FHIOSRACHADH IS AIR A DHEARBHADH.

TRIED AND PROVED.

BHA seann bhantrach meorachadh air dìlseachd agus gradh Dhé, le a Biobull fosgailte f'a comhair. Bha am Biobull sean gle shean, a taisbeanadh meurachaidh tric ; ach bha e ro luachmhor do 'n bhantraich, cha 'n ann a mhàin air son gu'm b'e Biobull a mathar e, ach, gu'm b'ann ann a bha ise air a cleachadh air son iomadh bliadhn' bhi sireadh colais an toil sin, tha 'na riaghailt beatha do na h-uile a ghradhaicheas Criosd, agus bhi dol thuige air son an t-solais nach b'urrainn dhi fhaighinn an àite sam bith eile. Mar sin bha an t-aon leabhar naomh so, dlùth do cridhe, agus 'na ionmhas 'na dachaidh. Bha i cho eolach air a' Bhiobull 's gu'm b' aithne dhi cia an t-àite anns am faigheadh i rann sam bith a dh' iarradh i. Triomh an leabhar naomh uile bha iomadh focal agus comharradh a sgrìobh i, a chuid bu mhò dhiubh mar so, " F. agus D."*

Air dhi bhi mar so a' beachdachadh, thàinig teachdaire stigh a chunnaic am Biobull fosgailte f' a comhair, 's a labhair beagan thaobh luachmhorachd an leabhair; agus air dha cuid de na duilleagaibh thionndadh chum rann fhaighinn ris an robh iad a buntainn chunnaic e " F. agus D." sgrìobhte an caochlaidh àitean, is ghabh e saorsa fheòrachd dhi, ciod a bha e ciallachadh.

* Ciallachadh Fiosraich agus Dearbh.

Fhreagair a' bhantrach gu simplidh, breagha. Thuirt i, "tha sin ciallachadh, air Fhiosrachadh 's air a Dhearbhadh." Thàinig mi air son iomadh bliadhn' gus a' Bhiobull so air son foghlaim agus solais, agus a ghnàth fhuair mi an ni bha mi 'g iarraidh. Riamh cha d' fhàilnich e dhomh. 'S ann ann le cuideachadh an Spioraid Naoimh, a fhuair mi mach gu robh mi cailte; 'na mo pheacach thaobh nàdur, fosgailte do chorruih Dhé, agus gun chomas mi féin a thearnadh agus an so mar an ceudna, dh'fhoghlaim mi Crìosd, *cumhachdach gu tearnaidh*. Leugh mi a bhriatharean ghrasmbhor fhéin "Thighibh a m' ionnsuidhsa sibhse uile a ta ri saothair, agus fuidh throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh." Chreid mi gu robh ni thubhairt e, fìor. An urnuigh dh' iar mi trocair. Thilg mi 'm anam bochd air, agus fhuair mi slàinte. Ann mo chridhe agus bheatha rinneadh m' athnuadhachadh. Fhuair mi an fhois a gheall e, agus dhearbhadh mi dhìlseachd; agus ri aghaidh a chuiridh is gheallaidh sin, sgrìobh mi mo cheud "F. agus D." Gheall e do dheiscioblaibh, na 'n iarradh, gu faigheadh iad. Dh' iar mi iomadh beannachd, 's cha d' iarr mi riamh an dìomhanas. Thàinig mi gu bhli na 'm bhantraich, agus mo chlann nan dìlleachdainn. Lionadh mo chridhe do dhoilghios agus bhròn. Leugh mi na focail beannaichte so: "Fàg do dhilleachdainn, gleidhidh mise beò iad, agus cuireadh do bhantraichean an dòchas annamsa" (Ierm. xlix. 11). "Athair nan dìlleachdan, agus breitheamh nam bantrach, is e Dia ann an ionad-comhnuidh a naomhachd" (Ps. lxxviii. 5). Dh' earb mi mi féin 's mo chlann ri churam, fhuair mi Dia dìleas, agus an so tha thu faicinn san dà chúis sgrìobhte agam F. agus D.

Bhuaileadh mi le iomadh seorsa thrioblaid agus dheuchainn, gidheadh 'na meadhon uile cha d' fhàgadh mi tréigta, gun shòlas, gun dhòn. Sa ghealladh dh'earb mi, is choimhionadh dhomh e a ghnàth. Thug mi

oidhirp air a bhi dh' imeachd rèir a reachdan gu h-iriosal, agus fhuair mi mo cheuman air an stiùradh gu glic, 's air an coimhead gu tearuinte. Bhonntaich mi mo chreideamh air fhoclaibh, 's cha d' fhàilnich iad riamh dhomh; uime sin, se na Fs agus Ds, a sgrìobh mi, fianuishean air dillseachd m' Athair neamhaidh. Agus bithidh an leabhar, anns am bheil na geallaidhean a' chaidh choimhlionadh, cho saibhir ann am mothuchadh mo bheatha, cho araidh air m' earbsa thaobh a' bheatha tha air thoisiaich orm, agus uime sin tha am Biobull naomh so prèiseil do m' anam.

Leughadair, tha Biobull agadsa gun teagamh cuid-eachd. Bheil e giùlan air aghaidh cuimhneachan sam bith air do mhothuchadh spioradail thaobh aon de na geallaidhean? An *d' fhiosraich* no *d' dhearbhbh* thu air do shon fhéin dillseachd Dhé do 'n anam tha toirt umhlachd dha?

Anns a' Bhiobull tha na firinnean agus na geallaidhean cendna air do shonsa, mar bha iad air son na bantraich shean so. Tha fhocal labhairt riutsa thoabh an t-aon aobhar, 's a labhair e rithesa. Tha e cur an cèill, gur e Iosa Crìosd, Mac Dhé, Slanuighear nam peacach. "Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e' aon-ghin Mhic féin, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige." Bheil thu creidsinn so? agus an do dhearbhbh thu e? Na mhothaich thu, le cleachdadh a' chreidimh, is le bhi toirt thairis t-anama do Chrìosd, beannachd maitheanais peacaidh, is rèite ri Dia? Ma mhothaich 's urrainn dhuit radh mar thubhairt a' bhantrach so.

Tha am Biobull cur an cèille, gu'n cluinn is gu freagair Dia urnuigh—gu bheil a 'na chabhair ro-dheas ann an teanntachdaibh—gur e Athair nan trocair, agus Dia an t-solàis e. Bheil aithne agad air so ann am mothuchadh t-anama féin? Ma tha, ni do

chridhe taingeal fianuish do 'n dillseachd naomh, agus bheir *d' fhiosrachadh 's do dhearbhadh* dòchas dhuit air son beatha araon an so, agus san t-saoghal tha ri teachd.

Nach do dhearbh thu na nithe so ? Mar d' rinn, 's ann a chionn nach d' fhiosraich thu iad. Rannsuich an Sgrìobtuir, tha deanamh glic chum slàinte. Ol steach a theagasgan ; thoir an aire d' a fhoghlum ; creid fhocail ; tabhair ùmhlachd d' a reachdan. Iarr ann an urnuigh cuideachaidh an Spioraid Naoinh, agus le a chumhachd san deanar comasach thu bhì cur an cleachdadh reachdan an Ti a's Airde. Agus mar tha thu mar so sireadh air son trocair, maitheanais ath-nuadhachaidh tre creideamh an Iosa Crìosd, agus aithreachais thaobh Dhe, gheibh thu mach, gun lion Esan thu, tha dìleas do ghealladh, is dìleas dhuitsa, le sith, aoibhneas agus dòchas, is bithidh tusa mar an ceudna comasach, sgrìobhadh, air an leabhar tha cumal air chuimhne na geallana, *Air Fhiosrachadh 's air a Dhearbhadh*.

